



Dè tha Dol ann an Clas 1-2

O chionn ghoirid chuir sinn seachad madainn le Isi Oakley agus sinn a' gabhail pàirt ann am beagan ionnsachadh a-muigh ceangailte ri ar obair air an aimsir. Chluich sinn geamaichean cuideachd airson ar cuideachadh obrachadh nas fhèarr còmhla. Abair gu robh spòrs againn!

We spent a morning participating in outdoor learning activities relating to our weather topic. We also played some team-building games. We had a really fun morning!



Seo sinn....

.....a' faighinn bho aon taobh chun an taobh eile gun tuiteam anns an uisge cunnartach!!!



..... a' dèanamh cumaidhean le ròp gun a bhith a' coimhead ach le tòrr bruidhinn ri chèile! Bha seo doirbh!!



.....a' cuideachadh caraid.



....a' togail den!



Thàinig Richard Cooke a chruthaich an duilleag Facebook "Western Isles Weather" a-steach a dh'innse dhuinn mu dheidhinn "Extreme Weather". Seo dealbh de tornado a ghabh e ann an Ameireaga.



Sheall e dhuinn dealbh de sneachda ann an Steòrnabhagh o chionn fhada. Abair gu robh e a' coimhead domhainn!



Armchair Athletics ann an Harris House

Fhuair an clas againn cothrom a dhol gu Harris House airson Armchair Athletics a dhèanamh leis na daoine a tha a' fuireach an sin. Chuidich clann bho clas 7 sinn ach nì sinn leinn fhèin e an ath thuras. Bha feasgar air leth againn agus tha fadachd oirnn tilleadh!!



